Education Scotland
Foghlam Alba

For Scotland's learners, with Scotland's educators
Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

Plana Corporra 2019-2022

Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba le luchd-foghlaim na h-Alba

www.education.gov.scot

CLÀR-INNSE

TAOBH-DUILLEIGE

1.	Ro-ràdh leis an Àrd-oifigear/Àrd-neach-sgrùdaidh	**1**
2.	Ro-ràdh Plana Corporra 2019-2022	**2**
3.	Ar lèirsinn, misean agus luachan	**3**
4.	Co-theacsa poileasaidh nàiseanta	**4**
5.	Foghlam Alba: A' dol air adhart	**6**
6.	Fòcas làidir air ionnsachadh, teagasg agus ceannardas	**8**
7.	Co-obrachadh roinneil	**9**
8.	Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh	**10**
9.	A' cleachdadh deagh fhianais san dòigh as fheàrr	**11**
10.	Com-pàirteachasan èifeachdach	**12**
11.	Mar a bhios sinn a' lìbhrigeadh nam prìomhachasan againn	**13**
12.	Eàrr-ràdh	**14**

1. Ro-ràdh leis an Àrd-oifigear/Àrd-neach-sgrùdaidh

Tha gnìomhan Foghlam Alba a' toirt taic do mhiann Riaghaltas na h-Alba a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi sàr-mhathas agus cothromachd air feadh siostam foghlaim na dùthcha.

Aig àm nuair a tha atharrachadh mòr a' tachairt air feadh siostam foghlaim na h-Alba, tha e iomchaidh gu bheil Foghlam Alba a' leantainn air adhart leis an fhòcas aige air luach a chur ri ionnsachadh, teagasg agus measadh, gus cuairt leantainneach de leasachadh a lìbhrigeadh do luchd-ionnsachaidh agus proifeiseantaich teagaisg na h-Alba uile.

Tha siostam foghlaim na h-Alba a' coileanadh aig àrd-ìre ach cha bu chòir dhuinn a bhith nar tàmh idir. Ma tha deagh chor gu bhith aig ar nàisean san àm ri teachd, feumaidh am foghlam as fheàrr a bhith aig an luchd-ionnsachaidh againn, an dà chuid a thaobh coileanadh is buileachadh. Bheir seo cothrom dhaibh an t-slighe beatha aca fhèin a leantainn, leis na sgilean deatamach aca gus sin a dhèanamh.

Tha an luchd-obrach againn an-còmhnaidh air am brosnachadh leis na h-àrd-amasan coitcheann againn gus dèanamh cinnteach gum bi Foghlam Alba na bhuidheann aig ìre àrd san t-saoghal mar àite-obrach agus a bhith ag obair gus piseach a thoirt air foghlam agus toraidhean dhan luchd-ionnsachaidh air fad. Tha seo air a choileanadh le bhith a' co-obrachadh le luchd-ùidh, luchd-ionnsachaidh, luchd-foghlaim agus coimhearsnachdan gus ar cuid chloinne agus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus na ceithir comasan ann an Curraicealam airson Sàr-mhathais fhaighinn. Cruthachaidh seo luchd-ionnsachaidh agus proifeiseantaich foghlaim cumhachdaichte cho math ri coimhearsnachdan làidir. 'S e am fòcas againn, agus a th' aig na com-pàirtichean againn cuideachd, gum bi an luchd-ionnsachaidh agus luchd-foghlaim uile againn an sàs ann an lìbhrigeadh foghlaim ann an Alba air am brosnachadh agus gum bu chòir an cumhachd a bhith aca cleachdaidhean ionnsachaidh is teagasg tionnsgalach a chruthachadh a tha a' lìbhrigeadh nan àrd-amasan againn airson sàr-mhathas agus cothromachd.

Ann an lìbhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn, bidh sinn:

- a' cur an luchd-ionnsachaidh uile aig cridhe na h-obrach uile againn, ge b' e dè an aois a tha iad no far a bheil iad ag ionnsachadh;
- a' co-obrachadh leis an luchd-ùidh uile againn gus na toraidhean as fheàrr a lìbhrigeadh dhan luchd-ionnsachaidh air fad;
- a' dèanamh com-pàirteachadh leis an luchd-obrach agus luchd-ùidh againn gus am bi sinn daonnan a' leasachadh na taice a bheir sinn do na com-pàirtichean againn air feadh foghlam na h-Alba;
- a' brosnachadh dòighean-obrach tionnsgalach gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' lìbhrigeadh leasachadh leantainneach ann an siostam foghlaim na h-Alba fad an t-siubhail;
- ag atharrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt seachad leasachadh leantainneach ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh.

Tha am Plana Corporra a' cur na lèirsinn againn an cèill airson mar a nì Foghlam Alba cinnteach gun toir sinn seachad deagh bhuaidh airson an luchd-ionnsachaidh is luchd-foghlaim uile. Gus seo a dhèanamh, bidh sinn ag obair nas dlùithe ris na com-pàirtichean againn thar diofar raointean agus bidh sinn ag obair barrachd le com-pàirtichean nas fharsainge, gu sònraichte luchd-fastaidh. Tha sinn a' dèanamh fiughar ri bhith ag obair còmhla ruibh gus amasan àrda a choileanadh airson luchd-ionnsachaidh na h-Alba, ge b' e dè an t-ionnsachadh a bhios a' dol air adhart agus dè an ìre ann am beatha dhaoine gus dèanamh cinnteach gum bi iad cho soirbheachail 's a ghabhas san àm ri teachd.

Gayle Gorman
Àrd-oifigear / Àrd-neach-sgrùdaidh

2. Ro-ràdh dhan Phlana Corporra 2019-22

Tha *Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba le luchd-foghlaim na h-Alba* a' cur an cèill ro-innleachd Foghlam Alba. Tha atharrachaidhean nach beag air a bhith anns an raon-ùghdarrais againn mar thoradh air foillseachadh na h-aithisg Education Governance: Next Steps ann an 2017. Bidh ar freagairt dhan raon-ùghdarrais leasaichte seo a' togail air bunaitean na h-obrach ionmholta a bhios ar luchd-obrach a' dèanamh gus leasachadh siostamach a chur an comas agus a bhrosnachadh ann an foghlam na h-Alba.

Tha an lèirsinn, am misean agus na prìomhachasan ro-innleachdail a tha air am mìneachadh sa Phlana Chorporra seo, airson 2019-2022, a' togail air na soirbheachasan nach bu bheag a th' againn agus a' suidheachadh thargaidean àrd-amasach air am bi Foghlam Alba ag amas thar nan trì bliadhna ri thighinn.

A' gabhail ris an raon-ùghdarrais leudaichte againn, tha sinn ag aithneachadh gum feum sinn a bhith ag obair ann an com-pàirteachas leis a h-uile duine a tha an sàs ann an leasachadh siostam foghlaim na h-Alba. Tha sinn an comain an luchd-ùidh agus an luchd-obrach a tha air beachdan a thoirt seachad fhad 's a bhathar a' cruthachadh na sgrìobhainn seo. Tha seo air susbaint na sgrìobhainn a neartachadh.

Cò sinne agus na nì sinn

Thàinig Foghlam Alba gu bith air 1 Iuchar 2011, le Colaiste na h-Alba airson Ceannas Foghlaim a' dol na pàirt den Bhuidheann-ghnìomh bhon Ghiblean 2018. Tha sinn air an obair leasachaidh againn ath-eagrachadh ann an sia sgiobaidhean roinneil.

Tha an dleastanas againn a' ciallachadh gum bi sinn, a bharrachd air a bhith a' cruinneachadh fianais mu choileanadh an t-siostaim foghlaim tro ar diofar obraichean, cuideachd a' toirt seachad anailis proifeiseanta agus a' mìneachadh raon farsaing de dhàta a' buntainn ri foghlam na h-Alba. 'S e cnag na cùise gum bi sinn a' cur luach ri foghlam ri Alba le bhith a' tuigsinn an t-siostaim air fad.

Mar a' Bhuidheann-ghnìomh a bhios a' cumail taic ri càileachd agus leasachadh ann am foghlam na h-Alba, bidh an obair againn a' dèanamh cinnteach aig a' cheann thall gu bheil ionnsachadh agus toraidhean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh de gach aois ann an Alba.

Ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan foghlaim, com-pàirtichean coimhearsnachd agus colaistean, bidh sinn a' brosnachadh tionnsgalachd ann an leasachadh a' churraicealaim agus ann an ionnsachadh.

Bidh sinn ag obair gu neo-eisimeileach agus gu neo-phàirteach air obair sgrùdaidh, ach aig an aon àm, tha sinn cunntachail gu dìreach ri Ministearan na h-Alba airson inbhe ar cuid obrach. Tha an inbhe seo a' dìon neo-eisimileachd na h-obrach sgrùdaidh, ath-sgrùdaidh agus aithris taobh a-staigh co-theacsa farsaing an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta.

Bha mu 300 neach-obrach aig Foghlam Alba anns an t-Sultain 2018. Mar thoradh air an raon-ùghdarrais leasaichte againn, tha sinn air obair fastaidh a thòiseachadh agus bidh mu 90 luchd-obrach ùra a' tighinn a-steach dhan bhuidhinn mar thoradh air seo tro 2019. Tha an luchd-obrach againn stèidhichte air feadh na h-Alba le prìomh oifisean ann an Obar Dheathain, Dùn Dè, Glaschu agus Baile Dhunlèibhe. Tha luchd-obrach againn stèidhichte ann an Dùn Phris, Eilginn, Inbhir Nis agus Port Rìgh.

3. Ar lèirsinn, misean agus luachan

Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi deagh bhuaidh aig a h-uile rud a nì sinn an dà chuid air luchd-ionnsachaidh agus air daoine a tha an sàs ann an lìbhrigeadh foghlaim ann an Alba. Nuair a tha sinn a' libhrigeadh nam prìomhachasan ro-innleachdail anns a' Phlana Chorporra seo, obraichidh sinn ann an com-pàirteachas leis an luchd-ùidh againn agus bidh na luachan againn am follais anns gach pàirt den obair againn.

integrity
respect
excellence
creativity

Tha Foghlam Alba air gabhail ris na luachan seo às dèidh obair cho-chomhairleachaidh mhòr le luchd-obrach. Bidh sinn cuideachd a' leantainn luachan nas fharsainge aig an t-seirbheis chatharra: treibhdhireas, onoir, neo-chlaonachd agus neo-phàirteachd.

AR LÈIRSINN

Sàr-mhathas agus cothromachd do luchd-ionnsachaidh na h-Alba le luchd-foghlaim na h-Alba.

AR MISEAN

A bhith a' co-obrachadh leis an luchd-ùidh uile a tha an sàs ann am foghlam na h-Alba gus piseach leantainneach a thoirt air coileanadh agus buileachadh an luchd-ionnsachaidh uile, a' dùnadh bèarn coileanaidh na bochdainn agus a' dèanamh cinnteach gum bi cinn-uidhe adhartach is leantainneach aig an luchd-ionnsachaidh uile, ge b' e dè an aois a tha iad agus far a bheil iad ag ionnsachadh.

TREIBHDHIREAS

- Nochd na h-ìrean proifeiseanta as àirde de ghiùlan
- Tog earbsa am measg nan daoine leis am bi sinn a' com-pàirteachadh
- Bi fosgailte agus follaiseach anns na co-dhùnaidhean againn
- Dèan conaltradh soilleir agus èifeachdach le luchd-obrach agus le com-pàirtichean air an taobh a-muigh

SPÈIS

- Dèilig ris a h-uile duine le modhalachd agus spèis
- Èist ri beachdan an luchd-obrach agus nan com-pàirtichean againn, a' dèanamh cinnteach gu bheil iad an sàs ann an dèanamh cho-dhùnaidhean
- Aithnich agus thoir spèis do na h-eadar-dhealaichaidhean aig daoine fa leth
- Aithnich agus cleachd na neartan, sgilean agus comasan aig a h-uile duine gus piseach a thoirt air cùisean

SÀR-MHATHAS

- Cùm taic ris an luchd-ionnsachaidh uile ann an Alba gus na h-àrd-amasan aca a choileanadh
- Aithnich agus brosnaich na cleachdaidhean obrach as fheàrr
- Nochd sàr-mhathas anns a h-uile rud a nì sinn
- Cruthaich agus bi air thoiseach air càch le deagh chleachdadh a tha aithnichte gu h-eadar-nàiseanta

CRUTHACHALACHD

- Co-obraich le daoine/buidhnean eile gus dòighean ùra agus diofraichte a lorg gus rudan a dhèanamh nas fheàrr gus ionnsachadh, teagasg agus measadh a leasachadh fad an t-siubhail ann an Alba
- Thoir cumhachd dhan luchd-obrach againn gus an cuid sgilean is eòlais a chleachdadh gus leasachadh a stiùireadh
- Brosnaich agus leasaich sgilean smaoineachaidh cruthachail agus sgilean cruthachail
- Brosnaich, ùr-ghnàthaich, cruth-atharraich

4. Co-theacsa poileasaidh nàiseanta

Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta 2018 agus an Lèirsinn airson Foghlaim aig Riaghaltas na h-Alba

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta ùraichte aige anns an Ògmhios 2018 a tha a' mìneachadh adhbhar an Riaghaltais agus a' mìneachadh nam prìomhachasan Ro-innleachdail. Tha am Frèam-obrach seo stèidhichte air aon chuspair deug, a gheibhear ann an eàrr-ràdh na sgrìobhainn seo.

Ro-innleachdan Riaghaltas na h-Alba airson foghlam ann an Alba

Tha lèirsinn Riaghaltas na h-Alba air a chur an cèill anns an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta (National Improvement Framework - NIF):

- sàr-mhathas tro àrdachadh ìrean coileanaidh: a' dèanamh cinnteach gu bheil gach leanabh a' coileanadh nan ìrean as àirde ann an litearrachd is àireamhachd, mar a tha iad air am mìneachadh ann an ìrean Curraicealam airson Sàr-mhathais, agus gum faigh iad na sgilean, teisteanasan agus coileanaidhean ceart gus am bi cothrom aca soirbheachadh; agus
- cothromachd: a' dèanamh cinnteach gu bheil an aon chothrom aig a h-uile pàiste soirbheachadh, le fòcas sònraichte air a bhith a' dùnadh beàrn coileanaidh na bochdainn.

'S iad na prìomhachasan airson foghlam ann an Alba a tha air an cur an cèill anns an NIF:

- leasachadh air buileachadh, gu sònraichte ann an litearrachd agus àireamhachd;
- a' dùnadh na beàrn coileanaidh eadar a' chlann is òigridh leis na h-ìrean as motha is as lugha de dh'ana-cothrom;
- leasachadh air slàinte agus sunnd na h-òigridh; agus
- leasachadh ann an sgilean cosnaidh agus airson gach neach òg a tha a' fàgail na sgoile agus cinn-uidhe adhartach is leantainneach a bhith aca.

Gus an lèirsinn a chur an gnìomh, tha grunn prìomh ro-innleachdan agus poileasaidhean aig Riaghaltas na h-Alba a' gabhail a-steach an fheadhainn air an ath dhuilleig:

- Curraicealam airson Sàr-mhathais
- Dùbhlan Buileachaidh na h-Alba
- Maoin Cothromas nan Sgoilearan (Pupil Equity Fund - PEF)
- Ro-innleachd airson Ionnsachadh is Teagasg Didseatach
- Poileasaidh cànain 1 + 2
- A' leasachadh an Luchd-obrach Òga (DYW)
- Lethbhreac-gorm airson 2020: Leudachadh air ionnsachadh tràth is cùram-chloinne
- Maoin na Cloinne is na h-Òigridh a bh' ann an Cùram
- Sgrùdadh agus Measadh Coileanadh
- Caidreachasan Leasachaidh Roinneil
- Ag ionnsachadh còmhla: Plana Nàiseanta na h-Alba air com-pàirteachadh nam pàrant, ionnsachadh teaghlaich agus ionnsachadh san dachaigh 2018-2021
- Achd an Fhoghlaim Às dèidh Aois 16 (Alba) 2013
- An Stiùireadh Ro-innleachdail airson Com-pàirteachasan Planaidh Coimhearsnachd: Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd
- Ath-sgrùdadh air Slighe Luchd-ionnsachaidh 15-24
- Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23
- Obair Òigridh
- Ro-innleachd ESOL
- Aithris Rùin airson Luchd-ionnsachaidh inbheach

Gheibhear fiosrachadh a bharrachd mu na ro-innleachdan agus poileasaidhean seo uile aig www.gov.scot.

Mar a bhios Foghlam Alba a' cumail taic ri, agus a' toirt comhairle, a thaobh poileasaidh foghlaim Riaghaltas na h-Alba

Bidh sinn ag obair gu gnìomhach le Buidheann-stiùiridh Ionnsachaidh Riaghaltas na h-Alba agus le luchd-ùidh gus buaidh a thoirt air poileasaidh foghlaim nàiseanta. Ann an lìbhrigeadh poileasaidh tha sinn a' gabhail os làimh prìomh dhreuchdan mar cho-cheannas air Dùbhlan Buileachaidh na h-Alba agus Leasachadh Luchd-obrach Òga. Tha sinn cuideachd a' stiùireadh leasachadh a' Cho-ionaid Leasachaidh Nàiseanta.

Co-ionannachd

Tha co-ionannachd aig cridhe obair Riaghaltas na h-Alba. Tha dleastanas co-ionannachd na roinne poblaich a' ciallachadh gum feum Foghlam Alba aire iomchaidh a thoirt air a bhith a' cur às do lethbhreith mì-laghail, a bhith a' cur air adhart co-ionannachd chothroman agus deagh dhàimh a bhrosnachadh eadar daoine le diofar fheartan dìonte, nam measg iadsan a tha fo anacothrom air sgàth bochdainn, anns na poileasaidhean, an reachdas agus anns na gnìomhachdan againn. Bidh Foghlam Alba agus na h-ùghdarrasan poblach clàraichte eile a tha an urra ris an dleastanas, a' dèanamh cho-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh air beatha gach duine anns na coimhearsnachdan againn agus mar sin tha e cudromach gum beachdaich sinn air buaidh co-ionannachd gach rud a nì sinn. Bidh Foghlam Alba fhathast na phrìomh bhuidheann ann a bhith a' lìbhrigeadh Toraidhean Co-ionannachd Riaghaltas na h-Alba 2017-21 a tha air am mìneachadh ann an Aithisg Builean Co-ionannachd agus Àbhaisteachadh 2017.

5. Foghlam Alba: A’ dol air adhart

Obair Foghlam Alba san àm ri teachd

Tha obair Foghlam Alba ro-chudromach gus leantainn air adhart le bhith a’ cur ris na h-ìrean àrda de phroifeiseantachd a th’ aig luchd-foghlaim na h-Alba mar-thà. Tha e deatamach gun obraich sinn còmhla ris a h-uile duine a tha an sàs ann an ionnsachadh is teagasg gus dèanamh cinnteach gun urrainn dhuinn siostam foghlaim a thoirt seachad a bhios a’ lìbhrigeadh airson gach neach-ionnsachaidh, ge b’ e dè an aois a tha iad no far a bheil an t-ionnsachadh a’ tachairt.

Tha structar na buidhne againn mar a leanas:



Ar prìomhachasan ro-innleachdail

Gus an lèirsinn againn airson foghlam ann an Alba a lìbhrigeadh, tha sinn air na prìomhachasan ro-innleachdail a leanas a chomharrachadh:

- fòcas làidir air ionnsachadh, teagasg agus ceannardas;
- lìonraidhean ionnsachaidh co-obrachail proifeiseanta nàiseanta;
- ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh;
- a’ cleachdadh deagh fhianais san dòigh as fheàrr; agus
- com-pàirteachasan èifeachdach.

Mar a tha na prìomhachasan againn co-cheangailte ris an Fhrèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta (NIF)

Nì na prìomhachasan seo cinnteach gu bheil obair Foghlam Alba gu tur a rèir Frèam-obrach Leasachaidh Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba airson foghlaim. Tha gach fear de na prìomhachasan ro-innleachdail againn co-cheangailte ris na prìomhachasan NIF uile, a tha ann an Earrann 4 den sgrìobhainn seo.

Mar a tha na prìomhachasan againn co-cheangailte ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta (NPF)

Tha còig taisbeanairean aig Riaghaltas na h-Alba taobh a-staigh an NPF agus tha liosta dhiubh sin ann an Eàrr-ràdh na sgrìobhainn seo. Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn mar a tha na còig prìomhachasan againn ceangailte ris na prìomhachasan uile.

	Foghlam Alba: Prìomhachasan Ro-innleachdail	Ceangal ri NPF
SP1	Fòcas làidir air ionnsachadh, teagasg agus ceannardas	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 11
SP2	Lìonraidhean ionnsachaidh co-obrachail proifeiseanta nàiseanta	2, 3, 6
SP3	Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10, 11
SP4	A' cleachdadh deagh fhianais san dòigh as fheàrr	2, 3, 6, 7
SP5	Com-pàirteachasan èifeachdach	1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9, 10,11

Tha an ath chòig earrannan den sgrìobhainn seo a' mìneachadh nam prìomh ghnìomhan a thèid a ghabhail gus gach prìomhachas ro-innleachdail againn a lìbhrigeadh agus gus cur an cèill cò ris a bhios soirbheas coltach.

6. PR1: Fòcas làidir air ionnsachadh, teagasg agus ceannardas

Bidh fòcas ùraichte againn air ionnsachadh agus ceannardas proifeiseanta, a' toirt seachad lèirsinn agus stiùireadh ro-innleachdail aig gach ìre, ag obair ann an com-pàirteachas leis an fharsaingeachd de speisealachaidhean proifeiseanta air feadh foghlam na h-Alba.

Prìomh ghnìomhan

- Dèan co-chomhairle leis a h-uile duine a tha an sàs ann am foghlam na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil fòcas nam fuasglaidhean air piseach a thoirt air ionnsachadh, teagasg agus measadh thar gach roinn.
- Cruthaich pasgan ionnsachaidh agus stiùireadh proifeiseanta nas fheàrr airson comas nan ceannardan agus luchd-foghlaim a neartachadh gus prìomhachasan foghlaim nàiseanta a stiùireadh agus a lìbhrigeadh, ge b' e far a bheil an t-ionnsachadh a' tachairt.
- Thoir seachad comhairle agus taic phractaigeach do cheannardan, luchd-foghlaim, pàrantan, luchd-cùraim agus luchd-ionnsachaidh le bhith a' dealbhadh agus a' leasachadh a' churraicealaim, a bhios a' toirt fa-near feumalachdan an luchd-ionnsachaidh aig gach ìre agus a leasaicheas an cuid sgilean ann an ionnsachadh, beatha agus obair.
- Thoir taic do cheannardan is luchd-foghlaim gus an cuid sgilean a thoirt air adhart ann a bhith a' lìbhrigeadh ionnsachadh proifeiseanta do dhaoine eile, air a bheil fòcas air a' churraicealam, air ceannardas ionnsachaidh, teagasg is measadh taobh a-staigh agus thar raointean curraicealaim, cuspairean is roinnean.
- Obraich le ceannardan agus luchd-foghlaim gus ro-innleachdan ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh èifeachdach a chomharrachadh agus a sgaoileadh, a tha ag adhartachadh cleachdaidhean in-ghabhaltach, a' cur ri coileanadh, ag àrdachadh buileachadh, a' cumail suas agus a' leasachadh slàinte is sunnd, agus a' toirt seachad ro-innleachdan èifeachdach airson Taic a Bharrachd airson Ionnsachadh.
- Dèan tasgadh ann an ionnsachadh proifeiseanta an luchd-obrach againn gus dèanamh cinnteach gum bi luchd-obrach againn a tha aithnichte airson a bhith a' coileanadh nan ìrean proifeiseanta as àirde.
- Cruthaich pròglaman airson ionnsachadh proifeiseanta agus ceannardas nas fharsainge a tha ag aithneachadh farsaingeachd nan speisealachaidhean a tha an sàs ann an lìbhrigeadh foghlam na h-Alba.

Cò ris a bhios soirbheas coltach

- Bidh na pròglaman leasachaidh ceannais agus leasachadh proifeiseanta againn fad-ruigsinneach, a' gabhail a-steach tro na Caidreachasan Leasachaidh Roinneil, agus cuiridh seo ri eòlas, sgilean agus misneachd nan com-pàirtichean bho gach raon.
- Bidh fòcas nam pròglaman againn air cur ri atharrachadh ann an cleachdaidhean, foghlam nas fheàrr agus builean nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh.
- Bidh barrachd luchd-foghlaim a' faireachdainn misneachail le bhith a' cleachdadh teicneolas didseatach.
- Bidh àrainneachd obrach èifeachdach aig an luchd-obrach uile aig Foghlam Alba a chumas taic ris an ionnsachadh agus leasachadh proifeiseanta aca.

7. PR2: Lìonraidhean Ionnsachaidh Co-obrachail Proifeiseanta Nàiseanta

Cruthaichidh ar n-obair cothroman co-obrachaidh le bhith a' toirt taic, a' toirt dùbhlan agus a' toirt comhairle dhan luchd-proifeiseanta is luchd-ùidh foghlaim uile, a' gabhail a-steach, am measg eile, ùghdarrasan foghlaim, Caidreachasan Leasachaidh Roinneil; sgoiltean, luchd-solair foghlam tràth agus cùram-chloinne, colaistean, roinn an Ionnsachaidh agus Leasachaidh Coimhearsnachd agus ar com-pàirtichean san treas roinn. Le bhith ag obair nas dlùithe aig an ìre nàiseanta, roinneil agus ionadail cruthaichidh sinn lìonraidhean seasmhach, proifeiseanta a bhios a' cur an comas a bhith a' co-roinn deagh chleachdadh gus leasachaidhean ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh a bhrosnachadh, ach aig an aon àm a tha a' dèanamh cinnteach gum bi fòcas air a bhith a' lìbhrigeadh an fhoghlaim agus nam builean as fheàrr do luchd-ionnsachaidh.

Prìomh ghnìomhan

- Cùm taic ri cruthachadh phlanaichean Leasachadh Co-obrachail Roinneil le sgrùdadh èifeachdach mu na prìomh thargaidean.
- Stèidhich dòigh-obrach com-pàirteachais airson obair leasachaidh tro bhith ag obair leis na buidhnean proifeiseanta foghlaim uile ann an Caidreachasan Leasachaidh Roinneil, ùghdarrasan foghlaim, solaraichean ionnsachadh tràth agus cùram-chloinne, colaistean na h-Alba agus roinn an Ionnsachaidh is Leasachaidh Coimhearsnachd.
- Leabaich an taic sin anns gach roinn gus dèanamh cinnteach gun tèid amasan nàiseanta a lìbhrigeadh agus gun tèid na feumalachdan aig gach Caidreachas Leasachadh Roinneil, ùghdarras foghlaim, colaiste, sgoil agus buidheann coimhearsnachd a choileanadh.
- Cruthaich dòighean conaltraidh èifeachdach eadar luchd-ùidh gus an gabh cleachdadh fìor èifeachdach agus ùr-ghnàthach a chomharrachadh agus a cho-roinn thar roinnean agus thar na dùthcha.
- Thoir taic do gach roinn gus sgilean nan ceannardan agus luchd-foghlaim a thoirt air adhart gus piseach a thoirt air dealbhadh agus leasachadh a' churraicealaim, a' toirt feart air prìomhachasan nàiseanta.

Cò ris a bhios soirbheas coltach

- Bidh proifeiseantaich foghlaim comasach air na goireasan againn a chleachdadh gus piseach a thoirt air a' chleachdadh aca agus air toraidhean an luchd-ionnsachaidh.
- Thèid eisimpleirean de dheagh chleachdadh a thèid a lorg tro sgrùdadh a cho-roinn tron Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta gus am faigh ceannardan agus luchd-foghlaim tuigse choitcheann air cò ris a tha cleachdadh fìor èifeachdach coltach.
- Bidh na Sgiobaidhean Roinneil ann am Foghlam Alba a' deasachadh phlanaichean airson nan sgìrean aca a bhios a' nochdadh feumalachdan na sgìre, a' toirt na buaidh as motha 's a ghabhas air luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan agus a' gabhail a-steach com-pàirteachadh gnìomhach bho bhuidhnean com-pàirteachaidh agus bho chloinn is òigridh.
- Bidh Planaichean Sgioba Roinneil Foghlam Alba a' taisbeanadh an luach a bharrachd a tha iad a' cur ri cleachdaidhean ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh.
- Bheir sinn seachad farsaingeachd de thaic dhan churraicealaim aig an ìre ionadail, roinneil agus nàiseanta, a bhrosnaicheas cultar de bhith a' co-roinn deagh chleachdadh agus a bhith a' stèidheachadh lìonraidhean ionnsachaidh proifeiseanta.

8. PR3: Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh

Tha rùn againn a bhith a' leasachadh tuigse an luchd-foghlaim air cùisean co-ionannachdan agus iomadachd agus a bhith a' toirt taic dhaibh gus aghaidh a chur air neo-ionannachd. Tha sinn cuideachd gu mòr airson a bhith a' toirt a-steach ar luchd-ùidh, a' gabhail a-steach buidhnean le feartan dìonte, anns an obair againn gu ìre cho mòr 's a ghabhas. Tha bacaidhean airson com-pàirteachadh agus ionnsachadh airson buidhnean agus daoine fa-leth mar as trice a' gabhail a-steach diofar fhactaran a tha ag eadar-obrachadh, seach dìreach aon. Tha sinn den bheachd gu bheil dòigh-obrach iomlanach daonnan a dhìth agus gu bheil seo ceangailte gu dlùth ri bhith a' lìbhrigeadh foghlam in-ghabhalach agus fòcas a bhith air còraichean daonna is Còraichean na Cloinne.

Prìomh ghnìomhan

- Lìbhrig na gealltanasan againn taobh a-staigh toraidhean Riaghaltas na h-Alba airson 2021, mar a chaidh a chur an cèill ann an Ro-innleachd na Co-ionannachd againn.
- Lìbhrig na gnìomhan a th' anns a' Phlana Pàrantachd Chorporra againn.
- Thoir spèis do, agus dèan tagradh airson chloinne is òigridh anns gach rud a nì sinn.
- Cuir fòcas air coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh eadar-mheasgte gus dèanamh cinnteach gum faigh clann agus daoine òga an cuideachadh ceart aig an àm cheart leis na daoine cheart agus gum faigh iad na seirbheisean taic a tha a dhìth gus na h-amasan ann an Ga fhaighinn ceart airson gach leanaibh a lìbhrigeadh.
- Thoir cothroman do chloinn is òigridh a bhith a' gabhail pàirt tro bhith a' planadh, agus a' cur ri obair sgrùdaidh is measaidh tron obair air fad againn.
- Co-obraich le buidhnean sgrùdaidh eile.

Cò ris a bhios soirbheas coltach

- Bidh cothrom aig luchd-foghlaim air farsaingeachd de chothroman ionnsachaidh gus cur ris an tuigse a th' aca air cleachdaidhean in-ghabhaltach ann a bhith a' coileanadh nam feumalachdan aig luchd-ionnsachaidh eadar-dhealaichte.
- Lìbhrig na gnìomhan anns a' phlana-gnìomh airson toraidhean co-ionannachd taobh a-staigh Ro-innleachd na Co-ionannachd againn.
- A' lìbhrigeadh plana gnìomh nan toraidhean co-ionannachd tro bhith a' toirt fianais do na h-aithisgean mu Àbhaisteachadh Co-ionannachd aig Riaghaltas na h-Alba.
- Coilean an 22 gnìomh anns a' Phlana Pàrantachd Chorporra againn ron Mhàrt 2020.
- Bheir Comhairlichean Buileachaidh taic agus dùbhlan dìreach do dh'ùghdarrasan ionadail mu bhith a' dùnadh beàrn coileanaidh na bochdainn.

9. PR4: A’ cleachdadh deagh fhianais san dòigh as fheàrr

Bidh a h-uile rud a nì Foghlam Alba stèidhichte air an fhianais as fheàrr a th’ ann. Thèid an dàta a sgrùdadh gus dèanamh cinnteach gun tèid na toraidhean againn a lìbhrigeadh ann an dòigh èifeachdach agus tàbhachdach agus gun gabh a’ bhuaidh a bh’ againn a thomhas gu furasta.

Bheir sinn seachad measadh neo-eisimeileach air càileachd nan seirbheisean thairis air diofar raointean foghlaim, a’ toirt na bunait fianaise air leth againn còmhla, a’ gabhail a-steach a bhith a’ coimhead air ionnsachadh fhad ’s a tha e a’ dol air adhart. Cleachdaidh sinn seo gus leasachadh a bhronsachadh agus gus barantas a thoirt do luchd-cleachdaidh seirbheis, Ministearan na h-Alba agus dhan phobal mu ìrean, càileachd agus mu leasachaidhean ann am foghlam.

Prìomh ghnìomhan

- Thoir seachad pròg̀ram bliadhnail de sgrùdadh mar a chaidh fhoillseachadh sa phlana bhliadhnail againn a rèir ar Frèam-obrach Inbhean agus Measadh.
- Cleachd na toraidhean bhon sgrùdadh agus bhon leasachadh curraicealaim againn gus cuideachadh le comharrachadh nam prìomhachasan airson leasachadh ann am foghlam aig ìre ionadail, roinneil is nàiseanta agus thar gach roinn de dh’fhoghlam na h-Alba.
- Dèan cinnteach gun tèid adhartas a dhèanamh tro Fhoghlam Alba a bhith a’ gabhail pàirt ann an còmhradh agus com-pàirteachadh proifeiseanta le luchd-obrach loidhne-toisich an dà chùid ann an obair sgrùdaidh agus obair leasachaidh a’ churraicealaim.
- Obair le, agus cum fiosrachadh ris an Ro-innleachd Nàiseanta airson Rannsachadh, gus deagh chleachdadh ann am foghlam a chomharrachadh a ghabhas cleachdadh taobh a-staigh siostam na h-Alba.
- Dèan obair chom-pàirteachaidh le luchd-obrach is luchd-ùidh gus dòigh-obrach nas fheàrr a stèidheachadh airson leasachadh càileachd agus fèin-mheasadh às am faod sinn measadh soilleir a dhèanamh air buaidh ar cuid obrach.
- Cùm oirnn a bhith a’ cruthachadh dòighean-obrach tionnsgalach airson a bhith a’ lìbhrigeadh ionnsachadh agus teagasg tro gach roinn agus co-roinn deagh chleachdadh nuair a thèid seo a lorg.
- Thoir ceanglaichean daonna is siostam còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil dàta làidir air a ghlacadh agus gu bheil e comasach a thoirt còmhla gus fiosrachadh a thoirt seachad mu choileanadh Foghlam Alba.

Cò ris a bhios soirbheas coltach

- Thèid pròg̀ram sgrùdaidh bliadhnail a dhèanamh agus fhoillseachadh.
- Bidh Ceannardan Sgoile agus ceannardan seirbheisean ag aithris gun do chuidich an còmhradh proifeiseanta le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh rè sgrùdadh oifigeil an sgoil/seirbheis gus leasachaidhean a dhèanamh.
- Lorgaidh an obair curraicealaim againn ann an ionadan/seirbheisean eisimpleirean de na cleachdaidhean foghlaim as fheàrr agus thèid iad seo a cho-roinn gu nàiseanta tron Cho-ionad Leasachaidh Nàiseanta.

10. PR5: Com-pàirteachasan èifeachdach

Bidh sinn a' co-obrachadh le luchd-ùidh gus sàr-mhathas agus cothromachd a lìbhrigeadh ann am foghlam na h-Alba gus piseach a thoirt air buileachadh agus gus cinn-ùidhe adhartach is leantainneach a choileanadh. Èistidh sinn ris an luchd-ùidh againn agus obraichidh sinn ann an com-pàirteachas leotha gus luach a chur ri foghlam na h-Alba fad an t-siubhail. A bharrachd air seo, èistidh sinn ris an luchd-ùidh againn gus sealladh iomlan fhaighinn air na soirbheachasan againn agus àiteachan far a bheil leasachadh a dhìth taobh a-staigh siostam foghlam na h-Alba agus air a bhuaidh a th' aige air beatha an luchd-ionnsachaidh uile.

Prìomh ghnìomhan

- A bhith nar deagh eisimpleir de cho-obrachadh tro com-pàirteachadh tro na seirbheisean uile, le pàrantan, coimhearsnachdan, luchd-fastaidh agus prìomh luchd-ùidh gus ceannas a neartachadh aig a h-uile ìre agus gus piseach a thoirt air toraidhean airson an luchd-ionnsachaidh uile.
- Leudaich mar a bhios sinn a' co-roinn cleachdadh fìor èifeachdach is tionnsgalach ann an leasachadh agus dealbhadh a' churraicealaim gus taic a chumail ri co-obrachadh agus cuidich daoine eile gus ionnsachadh mu na tha ag obair.
- Thoir seachad beachdan air ais a tha cruthachail agus a bhios a' comharrachadh gu follaiseach deagh chleachdadh agus far a bheil leasachaidhean a dhìth airson maith an luchd-ionnsachaidh agus an luchd-foghlaim.
- Cruinnich beachdan air ais air na tha sinn a' dèanamh gu math agus far am feum sinn dèanamh nas fheàrr.
- Comharraich raointean far a bheil ùidh againn agus aig ar com-pàirtichean anns an aon chuspair agus cluich pàirt gnìomhach ann an lìbhrigeadh soirbheachail.

Cò ris a bhios soirbheas coltach

- Bidh an luchd-ùidh againn bho gach raon a' cur barrachd luach anns an taic againn agus anns an deagh bhuaidh a th' aig seo ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh.
- Tha luchd-obrach ag aontachadh gu bheil Foghlam Alba a' dèanamh conaltradh gu h-èifeachdach agus gu bheil na co-dhùnaidhean againn air an dèanamh ann an dòigh follaiseach fosgailte.
- Bidh sinn a' com-pàirteachadh gu gnìomhach leis an luchd-obrach is luchd-ùidh againn gus leasachaidhean a chur air adhart san dòigh anns am bi sinn a' lìbhrigeadh nan seirbheisean againn.
- Tha barrachd den luchd-obrach againn ag aontachadh ris an lèirsinn againn agus tha iad soilleir air mar a bhios an obair aca a' cur ri bhith ga coileanadh.

11. Mar a bhios sinn a' lìbhrigeadh nam prìomhachasan againn

A' cur rian air lìbhrigeadh

Tha an raon-ùghdarrais leasaichte againn, anns a bheil sgrùdadh, leasachadh a' churraicealaim agus ionnsachadh is ceannas proifeiseanta a' ciallachadh gum feum sinn obrachadh roinneil a bhrosnachadh gus na toraidhean airson an luchd-ionnsachaidh air fad a leasachadh. Ann an lìbhrigeadh an raon-ùghdarrais againn, nì sinn seo:

- Dèan cinnteach gum bi cultar nas fheàrr againn taobh a-staigh Foghlam Alba tro bhith a' tasgadh anns na daoine a bhios a' toirt seachad seirbheisean, leasachadh luchd-obrach nas fheàrr agus ceannas èifeachdach.
- Cùm taic ri, agus coilean, sàr dhèanadas tro bhith a' cur fòcas air leasachadh leantainneach, barrachd follaiseachd agus tionnsgalachd.
- Neartaich co-obrachadh agus cruthaich barrachd amalachadh de dhealbhadh agus lìbhrigeadh seirbheis aig an ìre roinneil is nàiseanta.

Mar a bhios fios againn gu bheil sinn air na prìomhachasan ro-innleachdail againn a choileanadh

Bidh obair gus cur ris na prìomhachasan ro-innleachdail air an gabhail os làimh thairis air na buidhnean-stiùiridh againn, leis gu bheil sinn air prìomhachasan a tha air an taghadh a dh'aon ghnothaich a chionn 's gu bheil iad a' gearradh thairis air diofar raointean. Airson gach prìomhachas ro-innleachdail, tha sinn air beagan fiosrachaidh a chur ann mu cò ris a bhios soirbheas coltach, a' sealltainn dè an obair a thèid a dhèanamh ann an diofar bhuidhnean-stiùiridh.

Tha na còig gnìomhachasan air buaidh a thoirt air an dòigh-obrach againn a thaobh aithris coileanaidh corporra agus thathar gan toirt fa-near cuideachd ann an cruthachadh nam Prìomh Thaisbeanairean Dèanadais againn. Nì sinn aithris a thaobh nam Prìomh Thaisbeanairean Coileanaidh againn anns an Aithisg Bhliadhnail agus Cunntasan againn gach bliadhna. Anns an Aithisg seo, cleachdaidh sinn raon nas fharsainge de dh'fhianais, a' gabhail a-steach fianais chàileachdail, gus sealltainn mar a tha sinn a' coileanadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn.



12. Eàrr-ràdh

Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta na h-Alba:
Builean Nàiseanta

1. Tha eaconamaidh againn a tha farpaiseach aig ìre na cruinne, a tha tionnsgalach, in-ghabhaltach agus seasmhach.
2. Tha sinn fosgailte, ceangailte agus tha sinn a' toirt deagh bhuaidh gu h-eadar-nàiseanta.
3. Bidh sinn a' toirt aghaidh air bochdainn tro bhith a' co-roinn chothroman, beartas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne.
4. Tha sinn a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdach.
5. Fàsaidh sinn suas gu sàbhailte le gaol is spèis oirnn gus an coilean sin ar làn chomasan.
6. Tha deagh fhoghlam is deagh sgilean againn agus tha sinn comasach air cur ris a' chomann-shòisealta.
7. Tha gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach againn, le deagh obraichean agus obair chothromach dhan a h-uile duine.
8. Tha sinn fallain agus gnìomhach.
9. Tha sinn a' cur luach agus a' gabhail tlachd nar n-àrainneachd.
10. Tha sinn cruthachail agus tha na cultaran beòthail is eadar-mheasgte againn air an cur an cèill, agus a' còrdadh ri daoine, gu farsaing.
11. Tha spèis againn air còraichean daonna, tha sinn gan dìon agus gan coileanadh agus tha sinn saor bho lethbhreith.

Foghlam Alba
Taigh Denholm
Pàirce Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale,
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44 (0)131 244 4330
E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.education.gov.scot

Education Scotland
Foghlam Alba

For Scotland's learners, with Scotland's educators
Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim Alba

ISBN: 978-0-7053-1893-8